

TIOTAL OBRACH	Leas-chòcaire
ROINN	Aoigheachd
AN URRA RI	Prìomh Chòcaire
UALLACH AIRSON	Sgioba a' Chidsin (nuair nach eil am Prìomh Chòcaire an làthair)
SGÈILE TUARASTAIL	£25,474 - £27,124 agus seach-thìm is peinnean
ÀITE-OBACH	Sabhal Mòr Ostaig, Slèite, An t-Eilean Sgitheanach, IV44 8QR

ADHBHAR DREUCHD

Bidh an Leas-chòcaire ag obair còmhla ris a' Phrìomh Chòcaire is a' toirt seachad seirbheis bidhe don Cholaiste; a' dearbhadh gu bheil ìre àrd de sheirbheis ga solarachadh ann an dòigh èifeachdach agus a tha èifeachdach a thaobh chosgaisean ann an àrainneachd a tha a' toirt taic ri is a' brosnachadh luchd-obrach. Bithear a' gabhail dleastanas a' Phrìomh Chòcaire os làimh nuair nach bi iad an làthair.

PRÌOMH DHLEASTANASAN

Stiùireadh

- A' cumail taic ris a' Phrìomh Chòcaire is iad a' stiùireadh gach raon bidhe aig a' Cholaiste
- Ag obair fon Phrìomh Chòcaire no, mura h-eil iad an làthair, fon Mhanaidsear Aoigheachd
- A' gabhail dhleastanasan a' Phrìomh Chòcaire os làimh mura h-eil iad an làthair
- A' cuideachadh le dleastanasan rianachd a' chidsin: luchd-obrach, clàran-ama luchd-obrach, èideadh luchd-obrach, ùrachadh leabhar-làimhe a' chidsin, modhan sgiobachd, òrdughan ceannach, fàirdealan is dleastanasan rianachd eile mar a bhios feum
- A' cuideachadh le stiùireadh, trèanadh is leasachadh luchd-frithealaidh
- A' dearbhadh gu bheil luchd-obrach a' tuigsinn cho cudromach 's a tha sgeadachadh is glaineadh pearsanta agus a' dearbhadh gu bheil gach neach-obrach san roinn a' cumail ris na h-ìrean ceart a thaobh èideadh is coltas
- A' toirt taic don sgioba gus am bi iad dealasach is brosnachail
- A' cumail taic ri ro-innleachd is amasan na Colaiste airson àrainneachd bhogaidh Ghàidhlig a libhrigeadh don luchd-cleachdaidh

Solarachadh bidhe

- A' stiùireadh shioftaichean sa chidsin, ag ullachadh biadh is deoch, a' dearbhadh gu bheil a' cumail ri ìre àrd de sholarachadh bidhe
- A' co-obrachadh leis a' Phrìomh Chòcaire gus am faighear luach an airgid às a' bhiadh, biadh measgaichte, cothromachd sa bhiadh agus diofar riatanasan bidhe
- A' co-obrachadh leis a' phrìomh chòcaire airson sùil is rian a chumail air biadh sa chidsin, a' dèanamh cinnteach gu bheil cuairteachadh bidhe ann
- A' cuideachadh le cunntasan bathar mìosail is clàran-bathair
 - Òrdachadh biadh, deoch is eile mar a bhios feum
 - Dèanamh cinnteach gu bheil am bathar gu lèir air a ghleidheadh a rèir riaghailtean bidhe
 - Clàr de sgeinean/shoithichean agus uidheamachd eile

- A' cumail na thèid sadail cho beag 's a ghabhas. A' leasachadh nan siostaman a th' ann mar-thà airson lùghdachadh sgudail a dhèanamh nas fhasa
- A' tabhann biadh is bheachdan ùra air biadh do chustamairean, leithid roghainnean vegan, an com-pàirteachas leis a' Phrìomh Chòcaire
- A' cruinneachadh is a' mion-sgrùdadh mholaidhean bhon luchd-cleachdaidh airson leasachaidhean a dhèanamh, modhan-obrach a neartachadh agus airson obrachadh a rèir atharrachaidhean sa mhargaid.

Sàbhailteachd Bidhe

- A' gèilleadh ri riaghailtean laghail is companaidh a thaobh Glaineid, Slàinte is Sàbhailteachd, Laghan Fastaidh is Laghan Sàbhailteachd Bidhe
- A' dèanamh cinnteach gu bheil an roinn a' coileanadh thargaidean ann an Sgrùdaidhean Ìrean Càileachd is sgrùdaidhean Glaineid, Slàinte is Sàbhailteachd
- A' cumail glaineid is deagh rian a' chidsin/café fo sgrùd

Seirbheis don luchd-cleachdaidh

- A' cleachdadh na Gàidhlig cho tric 's as urrainn ann an conaltradh le luchd-cleachdaidh
- A' stèidheachadh dàimh mhath le luchd-cleachdaidh agus roinnean eile is seirbheisean taic agus a' toirt deagh sheirbheis seachad don luchd-cleachdaidh
- A' dearbhadh, tro chonaltradh èifeachdach, gu bheil gach neach-obrach san roinn a' cumail ri sàr sheirbheis don luchd-cleachdaidh is eòlas air na thathar a' toirt seachad
- A' dèanamh cinnteach gu bheilear a' dèiligeadh ri gach neach-cleachdaidh le modh is spèis fad na h-ùine

Trèanadh

- A' sònrachadh trèanadh sam bith eile a tha a dhìth
- A' gabhail pàirt ann an trèanadh mar a bhios feum
- A' toirt seachad trèanadh is taic do bhuill an sgioba
- A bhith dealasach mun Ghàidhlig agus a' frithealadh chlasaichean Gàidhlig agus/no chùrsaichean goirid mar as iomchaidh

Poileasaidhean na Colaiste

- A' gèilleadh ri poileasaidhean is riaghailtean obrach na Colaiste, agus am Poileasaidh Gàidhlig nam measg
- A' mìneachadh poileasaidhean is riaghailtean gu h-èifeachdach le Sgioba a' Chidsin agus a' dearbhadh gun gèilliar riutha
- A' cumail taic ri leasachadh poileasaidhean is riaghailtean do Sgioba a' Chidsin a rèir feum
- A' cumail taic is a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' cumail ri smachd ionmhasail is gu bheil smachd air goireasan

Coitcheann

- A' co-obrachadh le luchd-fàilteachaidh air:
 - o Tachartasan na Colaiste
- A' co-obrachadh le Manaidsear Aoigheachd air cùisean roinneil mar as iomchaidh
- A' co-obrachadh le companaidhean eile airson uidheamachd a chumail ann an deagh staid

- A' com-pàirteachadh ann an coinneamhan luchd-obrach
- A' gabhail gnìomh sam bith eile os làimh a rèir òrdughan mhanaidsearan
- Dleastanas airson cumail ri sàr mhodhan-obrach dìon dàta, cumail ri riaghailtean làithreach dìon-dàta agus a' conaltradh ri luchd-obrach dìon-dàta is tu a' sireadh comhairle is stiùireadh far a bheil feum.

Sònrachadh pearsa

Sgilean riatanach

- Sàr sgilean bidhe dearbhte, 's e sin còcaireachd, riaghladh bathar is cumail ri buidseatan
- Sgilean stiùiridh is eagrachaidh, a' gabhail a-steach chlàran-ama luchd-obrach, dealbhadh chlàran-bidhe, planadh eallach obrach
- Comas a bhith ag obair air do cheann fhèin
- Comas sgioba a bhrosnachadh agus a stiùireadh
- Sgilean conaltraidh math
- Sgilean trèanaidh math
- Comas a bhith ag obair a rèir cheann-latha
- Comas iomadh obraichean a làimhseachadh
- Sgilean stiùiridh cidsin dearbhte
- Sàr sgilean conaltraidh le custamairean
- Comas air modhan-obrach slàinte is sàbhailteachd, slàinteachas bidhe is riaghailtean eile a sgrùdadh is a leasachadh

Na bhuannachd

- SVQan ann an Solarachadh Bidhe / Aoigheachd
- Gàidhlig agad no deònach a h-ionnsachadh
- Cosgadh bidhe
- Sgilean coimpiutair

Fiosrachadh a bharrachd:

Uairean-obrach

Bidh an sgioba cidsin againn ag obair 35 uairean san t-seachdain. Tha sioftaichean seachdaineach a' toirt a-steach obair aig an deireadh-sheachdain an dà chuid sioftaichean slàn no air an roinn a rèir feum. Bidh uairean a bharrachd riatanach uaireannan ri linn fòrladh bliadhna no tinneis. Thathar a' pàigheadh ùine a bharrachd aig reat ùine is leth air uairean-obrach nas àirde na 35 uairean ann an seachdain sam bith. Mar as trice tha cùisean nas sàmhaiche eadar an Dàmhair is am Màrt nuair a thathar a' frithealadh nan oileanach a tha a' fuireach air an làraich. Bidh cùisean nas trainge eadar an Giblean is an t-Sultain nuair a bhios cùrsaichean goirid is co-labhairtean ann.

Còraichean Làithean-saora

35 làithean pàighte, a' toirt a-steach làithean-saora poblach, agus mu 10 làithean gan gabhail aig àm na Nollaige/na Bliadhn' Ùire nuair a bhios a' Cholaiste dùinte airson dà sheachdain.

Tuarastal is sochairean:

£ 25,474 - £ 27,124 gach bliadhna a rèir eòlas-obrach.

'S math dh'fhaodte gum bi àite-fuirich ri fhaighinn air an làraich a rèir feum. Gheibh luchd-obrach an cuid bidhe fhad 's a tha iad air sioft obrach.

Tha SMO a' tabhann grunn shochairean luchd-obrach a bharrachd – tha mion-fhiosrachadh ri fhaighinn air iarrtas.

Tha sgeama peinnsein aig a' Cholaiste a tha fosgailte don luchd-obrach gu lèir. Bidh a' Cholaiste a' cur ris an sgeama cuideachd, a bharrachd air tabhartas an neach-obrach.

Gheibh gach neach-obrach measadh bliadhnaile cuide ris an neach-stiùiridh aca, airson seirbheisean a chumail aig ìre àrd agus trèanadh is leasachadh pearsanta a shònrachadh.

Bidh Sabhal Mòr Ostaig a' cumail a làn thaic riut is tu ag ionnsachadh na Gàidhlig agus thèid grunn chothroman ionnsachaidh a thabhann dhut.

Nam bu toil leat barrachd fiosrachaidh fhaighinn mus cuireadh tu iarrtas thugainn, nach cuir thu fios gu km.smo@uhi.ac.uk no 01471 888250.

Thèid neach fhadthadh a rèir sgrùdadh is theisteanasan soirbheachail tro Disclosure Scotland.

Iarrtasan:

Nach till thu an t-iarrtas an dèidh a lìonadh gu: obair@smo.uhi.ac.uk